

Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

Rianan Togail Ceistean Bitheanta



'Thèid riaghailtean COVID ath-sgrùdadh gu cunbhalach a-rèir stiùireadh Raighaltas na h-Alba airson am mòr-shluagh agus an luchd-obrach a dhìon

CEISTEAN BITHEANTA

- 1 A bheil Obair Togail sam bith nach eil a' tighinn fo Riatanasan Riaghailtean Togail (Alba)?
- 2 A bheil Obair Togail sam bith nach eil feumach air Barantas Togail?
- 3 A bheil feum air Barantas Togail airson Uinneagan Ùra?
- 4 Ciamar a gheibh mi Barantas Togail?

A BHEIL OBAIR TOGAIL SAM BITH NACH EIL A' TIGHINN FO RIATANASAN RIAGHAILTEAN TOGAIL (ALBA)?

Tha, tha cuid a thogalaichean fo chinn fharsaing nach eil a' tighinn fo na riaghailtean, agus gheibhear liosta shlàn dhiubh ann an Clàr 1, ann an earrainn 0 sna [Leabhraichean Theicnigeach](#).

'S e seo geàrr-chunntas air na togalaichean beaga agus an obair togail co-cheangailte ri taighean, flataichean no maisonette nach eil a' tighinn fo Riaghailtean Togail:

- Togalach aon-làr neo-cheangailte, le meudachd làir nach eil nas motha na 8 meatairean ceàrnagach, fa leth bho thaigh agus air fearann taighe, agus:-
 - a tha barrachd is aon mheatair bhon taigh mura h-eil e co-dhiù aon mheatair air falbh bho chrìoch sam bith;
 - anns nach eil àite cadail sam bith;
 - anns nach eil similear/pìob, no inneal stèidhichte a ghabhas connadh cruaidh, ola no gas no anns a bheil goireas nighe/taigh-beag
- Togalach aon-làr neo-cheangailte, le meudachd làir nach eil nas motha na 8 meatairean ceàrnagach, fa leth bho agus air fearann flat no maisonette, agus:-
 - a tha barrachd is trì meatairean bhon flat no maisonette no pàirt sam bith eile de thogalach anns a bheil flat no maisonette;
 - anns nach eil similear/pìob, no inneal stèidhichte a ghabhas connadh cruaidh, ola no gas no anns a bheil goireas nighe/taigh-beag

- Consearbhatoraidh no poirdse aon-làir, le meudachd làir nach eil nas motha na 8 meatairean ceàrnagach, a tha ceangailte ri taigh, agus:-
 - a tha barrachd is aon mheatair bho chrìoch;
 - anns nach eil inneal stèidhichte a ghabhas connadh cruaidh, ola no gas no anns a bheil goireas nighe/taigh-beag
 - a tha a' coileanadh nan riaghailtean sàbhailteachd airson glainne.
- Taigh-glainne, ionad-chàraichean no àite còmhdach aon-làir agus gach fear le meudachd làir nach eil nas motha na 30 meatair ceàrnagach agus tha ceangailte no fa leth bho thaigh, agus:-
 - anns nach eil inneal no pàirt stèidhichte a ghabhas connadh cruaidh, ola no gas;
 - anns nach eil goireas nighe/taigh-beag.
- Àite le leacan no còmhdach cruaidh nach eil nas motha na 50 meatair ceàrnagach ann am meud:-
 - Nach eil na phàirt de shlighe-ruigsinn a dh'fheumar a rèir nan riaghailtean.

A BHEIL OBAIR TOGAIL SAM BITH NACH EIL FEUMACH AIR BARANTAS TOGAIL?

Tha, cho fad 's a tha na riaghailtean air an coileanadh. Chan fheum an obair a leanas Barantas Togail agus tha an liosta shlàn ann an Clàr 3, Earrainn 0 de na [Leabhraichean Theicnigeach](#):

- Obair togail sam bith air, no ann, an taigh; far nach eilear a' leudachadh meudachd an làir, a' leagail no a' leasachadh a' mhullaich, balla a-muigh, structar a ghabhas uallach, no a' lagachadh balla-roinn, no ag atharrachadh an t-siostaim gus cuidhteas fhaighinn de dh'uisge, no obair togail far a bheilear ag obair air taigh le làr, no a' togail làr ùr, nach eil nas àirde na 4.5 meatair.
- Togalach aon-làir neo-cheangailte le meudachd barrachd is 8 meatairean ceàrnagach ach nas lugha na 30 meatair ceàrnagach, fa leth bho ach air fearann taighe, fhad 's a tha an togalach taobh a-staigh 1 meatair bhon taigh mura h-eil e co-dhiù 1 meatair bho chrìoch sam bith, agus fhad 's nach eil inneal losgaidh stèidhichte no goireas nighe/taigh-beag, no amar-snàmh nas doimhne na 1.2 meatair anns an togalach. Fo na riaghailtean seo faodar seada neo-cheangailte, ionad-chàraichean neo-cheangailte, no garaids neo-cheangailte a thogail, mar eisimpleir.

- Togalach aon-làir neo-cheangailte le meudachd a tha barrachd is 8 meatairean ceàrnagach ach nach eil nas motha na 30 meatair ceàrnagach, fa leth bho ach air fearann flat no maisonette ach nach eil taobh a-staigh 1 meatair bhon flat no maisonette no taobh a-staigh 3 meatairean bho phàirt sam bith den togalach anns a bheil flat no maisonette, no togalach a tha 1 meatair no nas lugha bho chrìoch, no togalach anns a bheil inneal losgaidh stèidhichte no goireas nighe/taigh-beag, no amar-snàmh nas doimhne na 1.2 meatair. Faodar ionad-chàraichean neo-cheangailte, no garaids neo-cheangailte a thogail, mar eisimpleir.
- Obair togail sam bith co-cheangailte ri inneal losgaidh airson taigh no obair sam bith air pàirt sam bith eile de dh'innleachd teas, far nach eilear ag obair air similear, sòrn no teallach. Mar eisimpleir, a' cur inneal losgaidh ola no gas a-staigh an àite seann fhear.
- Obair togail sam bith co-cheangailte ri sòrn cothromaichte airson inneal ann an seòmar.
- Obair sam bith co-cheangailte ri cur a-staigh lìnigeadh sùirn.
- Obair sam bith co-cheangailte ri tancaichean a ghabhas a lìonadh a-rithist le gas petroleum lionnaichte a thathar as motha ga chleachdadh airson àite a theasachadh, uisge a theasachadh, no còcaireachd.
- Obraichean beaga mar togail aon ghoireas nighe; obair co-cheangailte ri taigh-beag, taigh-beag gun uisge no *urinal*, cur a-steach fan a bhios a' tarraing èadhar a-mach no cur a-steach sèithear-lìoft ann an dachaigh.
- Togail bhallachan nach eil nas àirde 1.2 meatair, feansaichean nach eil nas àirde na 2 meatair, clàr-fiodha a-muigh nach eil nas àirde na 1.2 meatair (ach a-mhàin clàr-fiodha a tha na phàirt de dhòigh sam bith a ruigeas sibh a' phrìomh shlighe inntigidh) agus àiteachan air an còmhdach le leacan no còmhdach cruaidh a tha nas motha na 50 meatair ceàrnagach ach a tha nas lugha na 200 meatair ceàrnagach, agus nach eil na phàirt de shlighe-ruigsinn a dh'fheumas sibh a rèir nan riaghailtean.
- Uinneagan, dorsan agus uinneagam-mullaich ùra an àite seann fheadhainn.
- Barrachd stuthan seasgaireachd airson àite a chumail blàth (ach stuthan seasgaireachd a chuirear air taobh a-muigh balla a-muigh).

- Obair co-cheangailte ri cur acfhainn, stuth no uidheam ùr an àite seann fhear den aon t-seòrsa, nam measg uidheam nighe, ròn-tharsainn no ròn-dhìreach, inneal losgaidh connadh cruaidh, uidheam dealain, fan èadharaigidh, similear no sòrn (a' phìob sgaoilidh no am bonn), pìob no soitheach airson sgudal cruaidh, acfhainn cidsin no àirneis eile a tha stèidhichte, acfhainn iarainn, còmhdach làir, lìnigeadh, stuth dìonach no còmhdach sam bith a-staigh no a-muigh. Obair càraidh air doras, uinneag no uinneagan-mullaich, a' gabhail a-staigh glainne.

A BHEIL FEUM AIR BARANTAS TOGAIL AIRSON UINNEAGAN ÙRA?

Chan fheum Barantas Togail a bhith agaibh nuair a tha sibh a' cur uinneagan ùra ann, ach feumaidh iad rianan sam bith a choileanadh a gheibhear sna Riaghailtean.

Gu h-aithghearr, 's iad na riatanasan: -

- Feumaidh meudachd glainne na h-uinneige (a leigeas solas a-staigh tron latha) ann an àite-còmhnaidh a bhith co-dhiù 1/15 de mheudachd làir an t-seòmair.
- Feumaidh meudachd an tuill (airson èadharaigeadh), nuair a tha an uinneag fosgailte, a bhith co-dhiù 1/30 de mheudachd làir an t-seòmair le toll-èadharaigidh beag nach eil nas lugha na 12,000 mm² ann an àiteachan-còmhnaidh agus 10,000 mm² anns gach seòmair eile.
- Feumaidh dòigh shàbhailte a bhith ann a' ghlainne a-muigh a ghlanadh nuair a tha an uinneag barrachd is 4m os cionn na talmhainn, feumaidh an uinneag a bhith air a dealbh gus an gabh seo a dhèanamh.
- Cha bu chòir uinneagan air an làr ìosal bacadh cunnartach sam bith a chur air daoine a tha a' dol seachad nuair a tha iad fosgailte.
- Feumaidh uinneagan a bhith ann trom faodar teicheadh ma bhios cùis èiginn ann (a tha co-dhiù de mheudachd 0.33 m² agus tha co-dhiù cho àrd ri 450mm no cho leathann ri 450mm agus le sgeilp na h-uinneige nach eil barrachd is 11000mm bhon làr) anns gach àite-còmhnaidh no seòmraichean a-staigh a tha air a' chiad làr.

CIAMAR A GHEIBH MI BARANTAS TOGAIL?

- Aon uair 's gu bheil iad air dearbhadh gum feum Barantas Togail a bhith aca airson pròiseact, feumaidh an neach-iarrtais no an t-àidseant aca, na siùil stèidhichte a leantainn gus fear fhaighinn.
- Mar sheirbheis, tha sinn daonnan a' sireadh dhòighean gus ar rianan is modhan-obrach a dhèanamh nas èifeachdaiche, agus ri linn mar a chaidh [Làrach Rianan Togail Air-loidhne Riaghaltas na h-Alba](#) fhoillseachadh air 24 Lùnastal 2016, 's urrainn dhuibh anis an t-iarrtas agaibh a lìonadh a-steach agus a chur a-steach ann an cruth didseatach tron làrach-lìn sin. Tha an làrach a' mìneachadh dè bu chòir dhuibh a dhèanamh aig gach ìre gus iarrtas a chur a-steach agus mar a nì sibh e, rudan mar ciomar a bu chòir dhuibh na sgrìobhainnean a sganadh feuch gum bi iad san riochd cheart, dè na tiotalan a bu chòir a thoirt air na sgrìobhainnean agus msaa
- Ma tha sibh a' cur iarrtas a-steach air pàipear, faodaidh sibh [foirm-iarrtais](#) a luchdachadh a-nuas, agus feumaidh sibh am foirm sin a lìonadh a-steach agus a chur chun [na h-oifis sgrìoil](#) Rianan Togail as fhaighe air an làrach-togail, còmhla ri cìs iomchaidh sam bith agus plana-làraich a tha a' comharrachadh an làraich gu soilleir.
- Feumaidh dà lethbhreac de na planaichean agus mion-mhìneachadh den obair a bhith an lùib an iarrtais. Faodaidh na planaichean a bhith air pàipear, agus bu chòir dhaibh a bhith air an tarraing a rèir sgèile mheatrach nach eil nas lugha na 1:100, bu chòir dathan freagarrach a bhith air an cleachdadh gus an gabh an obair aithneachadh.
- Ged nach fheum neach proifeiseanta na planaichean a tharraing, feumaidh iad a bhith cho math 's gun urrainn do gach neach, an sàs anns a' phròiseact agus san iarrtas, am fiosrachadh a dh'fheumas na Riaghailtean aithneachadh. Tric feumar am fiosrachadh airson obair iom-fhillte no teicnigeach a bhith ga shealltainn aig sgèile gu math nas motha. Air sgàth sin, b' fhiach e math dh'fhaodte bruidhinn ri neach-proifeiseanta agus 's dòcha gun sàbhaileadh a' chosgais sin mòran ùine agus iomagain dhuibh airson a' phròiseict air fad agus airson an togalaich fhèin fhad 's a mhaireas e.

BÒD AGUS COMHAL

Taigh Mhilton, Craobh-rathad Mhilton, Dùn Omhain, PA23 7DU
Taigh Eaglesham, Rathad Mount Pleasant, Baile Bhòid, PA20 9HQ
Post-d: buildingstandards.bandc@argyll-bute.gov.uk

BAILE EILIDH IS SGÌRE LAOMAINN


Ionad Poblach Bhaile Eilidh is Laomainn, 38 Sràid Chluaidh an Ear, Baile Eilidh,
G84 7PG
Post-d: buildingstandards.handl@argyll-bute.gov.uk

MEADHAN EARRA-GHÀIDHEAL, CINN TÌRE IS ÌLE

1A Bruthach a' Mhansa, Ceann Loch Gilb, PA30 8RD
Post-d: buildingstandards.maki@argyll-bute.gov.uk

AN T-ÒBAN, LATHARNA IS NA H-EILEANAN

Toglaichean Municipal, Sràid Albany, An t-Òban, PA34 4AW
Post-d: buildingstandards.olani@argyll-bute.gov.uk



**Gus bruidhinn ri Rianan Togail air a' fòn:
cuiribh fòn chun an Ionaid Seirbheis
Luchd-cleachdaidh air 01546605518**